



**Oifis Choitcheann a' Chlàraidh**  
*airson na*  
**h-ALBA**  
*fiosrachadh mu shluagh na*  
*h-Alba*

**Roinn Clàraidh**  
Taigh Ùr nan Clàr  
Dùn Èideann  
EH1 3YT

Loidhne dìreach	0131 314 4459	Eadar-nàiseanta	+44 131 314 4459
Facsimile	0131 314 4531	GTN	7166 459
Bòrd-ceangail	0131 334 0380	Post-d	alex.white@gro-scotland.gsi.gov.uk

An àireamh-  
bhratha agad

An àireamh-  
bhratha again

13 Dùbhlachd 2006

A Cho-Chomhairliche chòir

## **SGAOILEADH FIOSRACHADH CLÀRADH BÀIS**

Tha dreuchd dheatamach aig clàradh catharra ann an comann-sòisealta an latha an-diugh. Bho chaidh clàradh catharra a thoirt a-steach san 19mh linn, tha an comann-sòisealta air atharrachadh gu mòr. Tha na h-oifisean againn ann an Sasainn agus sa Chuimrigh, ann an Èirinn a Tuath agus ann an Alba an sàs ag ùrachadh 's a' neartachadh libhrigeadh seirbheise, a' tasgadh ann an siostaman TF ùr-nodha agus, nuair a tha cothrom a' tighinn am bàrr, ag obair airson reachdas ùr a thoirt air adhart gus leigeil leinn coinneachadh ri feumalachdan agus dùbhlain comann-sòisealta an latha an-diugh.

Tha a' mhòrchuid de na clàran a tha an t-Àrd-Luchd-Clàraidh (ALC) a' cumail ruigsinneach don phoball cho luath 's a thèid tachartas a chlàradh. Ge-tà, chan eil na frèaman ruigsinneachd tradiseanta airson chlàran agus lethbhreacan dearbhte (teisteanasan) de dh'innteartan ann an clàran a' coinneachadh gu tur ris an iarrtas airson nan clàran. Tha an t-ALC ag aithneachadh gu bheil teicneolas ùr-nodha a' leigeil leotha fiosrachadh a sgaoileadh ann an cruth dealanach goirid as dèidh don tachartas a bhith clàraichte. Faodaidh seo buannachd a thoirt do shaoranaich agus don chomann-shòisealta air fad.

Bhiodh sgaoileadh fiosrachaidh mu chlàradh bàis ann an deagh àm na chuideachadh don phoileas, do bhuidhnean cur an gnìomh lagha eile, agus do bhuidhnean na roinne poblaich 's prìobhaidich gu bhith a' dèiligeadh ri eucoirean 's ag aithneachadh oidhirpean air foill le eucoirean a tha a' cleachdadh mion-fhiosrachadh pearsanta an neach a chaochail. Tha Foill Dhearbh-Aithne, de bheil foill Atharrais Neach a Chaochail (ANC) na seòrsa, a' cosg còrr is £1 billean sa bhliadhna do dh'eaconamaidh na RA.

Tha an co-phàipear co-chomhairleachaidh a tha ceangailte, a chaidh a chur a-mach leis an ALC airson Sasainn 's na Cuimrigh, Èirinn a Tuath agus Alba, a' cur an cèill mholaidhean 's a' sireadh bheachdan poblach airson rianachd sgeama airson fiosrachadh sgaoileadh bàis gu bhith a' bacadh, ag aithneachadh, a' sgrùdadh 's a' cur casaid às leth eucoirean.

Tha sinn a' cur fàilte air na beachdan agad agus dh'iarramaid gun cleachdadh tu am proforma a tha ceangailte nuair a fhreagras tu. Bhiodh e cuideachail nan tilleadh tu am proforma crìochnaichte tro phost-d gu [registration.consultation@gro-scotland.gsi.gov.uk](mailto:registration.consultation@gro-scotland.gsi.gov.uk). No faodar a chur chun an t-seòlaidh bhuntainnich a tha clàraichte air duilleag 7 den sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh. Is e an ceann-là dùnaidh airson freagairtean **Dimàirt 6 Màrt 2007**.

## A' làimhseachadh na freagairt agad

Feumaidh fios a bhith againn mar a làimhsicheas sinn na freagairt agad agus, gu h-àraid, co-dhiùbh a tha thu toilichte ged a nithear do fhreagairt follaiseach don phoball. Lìon agus till am **Foirm Fiosrachaidh Neach-Freagairt** ceangailte. Ma dh'iarras tu gun an fhreagairt agad a bhith air a foillseachadh coimheadaidh sinn rithe mar nì dìomhair, agus dèiligidh sinn rithe a rèir sin.

Bu chòir do gach neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil OCCA umhail do sholarachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. Dh'fheumamaid mar sin beachdachadh air iarrtas sam bith a dhèante airson fiosrachadh a' buntainn ri freagairtean a bheirear don eacarsaich cho-chomhairleachaidh seo.

Tha sinn a' coimhead air adhart ris na beachdan agad fhaotainn agus tha sinn a' toirt taing dhut ro làimh airson compàirt a ghabhail san eacarsaich cho-chomhairleachaidh seo. Ma tha ceistean sam bith agad cuir fios gu **Anne Duffy air 0131 314 4408**.

Le deagh dhùrachd



ALEX WHITE  
Ceannard Meur Poileasaidh a' Chlàraidh